

# An Comunn Gàidhealach

Faoilleach / Gearran 2013 / January / February 2013



An Comunn Gàidhealach, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhal, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais. HS1 2DD.

[www.ancomunn.co.uk](http://www.ancomunn.co.uk) Fòn: 01851 703 487. Post-d: [marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk)

## Facal bhon Cheann Suidhe

Mar a bhios an t-Earrach a' tighinn am follais às dèidh dorchadas a' Gheamhraidh, tha sinn a' coimhead air adhart le misneachd gu na tachartasan a bhios againn ann an 2013. Thèid Coinneamh Bhliadhnaile a' Chomuinn Ghàidhealaich a chumail air 22 Màrt agus bheir sin an cothrom dhuinn measadh a dhèanamh air an ire gun cùm sinn ar buidheann slàn, fallain ann am meadhan dhuilgheadasan eaonamach sa bhliadhna a dh'fhalbh, agus a bhith a' dealbhadh ar cùrsa airson 2013 agus nas fhaide air adhart.

Bidh cuid de bhuill a' Bhùird a tha air fior sheirbheis a thoirt don Chomuinn fad grunn bhliadhnaichean a' leigil dhiubh an dreuchd agus feumaidh sinn daoine gnìomhach is dicheallach a lorg gus a dhol nan àite. Tha feum air mòran obair-ullachaiddh agus dealbhadh proifeiseanta a-nis airson Mòdan Ionadail is Nàiseanta, agus gu sònraichte mar a tha Am Mòd Nàiseanta Rìoghail air fàs gu bhith na phrìomh thachartas Gàidhlig na bliadhna, agus tha mi toilichte a ràdh gu bheil ar luchd-obrach agus an luchd-cuideachaidh a bhios nan cois, air leth math air coinneachadh ris na dùbhlanaidh.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri Mòd Nàiseanta Rìoghail 2013 ann am Pàislig, agus tha mi cinnteach, ged a tha seo ùr do Phàislig (an 27mh àite ùr airson Mòd Nàiseanta) gur ann air adhart a bheir seo iomhaigh a' Mhòid mar prìomh thaisbeannadh bliadhnaile ar cànan.

Às dèidh dhuinn an-uirdh a bhith a' cuimhneachadh 120 bliadhna bhon chiad Mhòd a chumadh san Òban, bidh sinn am-bliadhna a' cuimhneachadh gur ann ann an 1893 a chaidh Bonn Òr a' Chomuinn a thoirt seachad airson a' chiad uair, agus aithnichidh sinn uile mòran de na sàrsheinneadairean Gàidhlig air an deach an duais iomraiteach sin a bhualeachadh bhon uair sin, le cuid dhiubh a' dol air adhart gu bhith nan luchd-ciùil is seinneadairean stèidhichte air àrd-ùrlar.

Mas urrainn dhuibh thigibh còmhla rinn chun na Coinneimh Bhliadhnaile, agus mòran taing dhuibh airson ur taic leantainneach.

Iain MacLeod,  
Ceann-suidhe.

## Message from the President

*As Spring emerges from the dark days of Winter, we look forward with optimism to the coming events of 2013. An Comunn Gaidhealach's AGM on 22nd March will give us an opportunity to assess how well we as an organisation have coped with the economic constraints of the past year, and to plan ahead for 2013 and beyond.*

*Some Board members who have given great service over many years to the work of An Comunn will be retiring and we need to find active and committed individuals to replace them.*

*The demands of Provincial and National Mòds, and particularly the latter's public profile as the main Gaelic event of the year requires detailed preparation and professional planning, and I am glad to say that our staff and volunteer helpers always respond well to these challenges.*

*We look forward to Mòd Nàiseanta Rìoghail 2013 in Paisley, and I am sure that this event, though new to Paisley (the 27th new location the Mòd has visited) will enhance the growing reputation of the Mòd as the annual showcase for Gaelic language and culture.*

*After last year commemorating 120 years since the very first Mòd took place in Oban, we shall this year remember that the first Mòd Gold Medal was awarded for the first time 120 years ago in 1893, and we can all identify many brilliant Gaelic singers who have been privileged to receive that special award since then, and have gone on to become established musicians and performers.*

*Please join us at the AGM if you can, and thank you all for your continuing support.*

John MacLeod  
President.



# An Comunn Gàidhealach



## Na Mòdan Ionadail / Provincial Mods 2013

Dùn Èideann / Edinburgh - 13 Giblean / April

Sruighlea / Stirling - 17 & 18 Cèitean / May

Uibhist / Uist - 31 Cèitean / May & 1 Ògmhios / June

Gallaibh & Cataibh / Caithness & Sutherland - 1 Ògmhios / J

Leòdhais / Lewis - 3 - 7 Ògmhios / June

Lochabair / Lochaber - 6 & 7 Ògmhios / June

Cille Brìde an Ear / East Kilbride - 7 & 8 Ògmhios / June

Ìle / Islay - 8 Ògmhios / June

Na Hearadh / Harris - 12<sup>th</sup> & 14<sup>th</sup> Ògmhios / June

An t-Eilean Sgitheanach / Skye - 13, 14 & 15 Ògmhios / June

Aird nam Murchan / Ardnamurchan - 14 Ògmhios / June

Obar Pheallaidh / Aberfeldy Mod - 14 & 15 Ògmhios / June

Inbhir Nis / Inverness - 21 & 22 Ògmhios / June

Mòd Ionadach na Dreòlluinn / Mull - 13 & 14 Sultain / September

Dail Riata / Dalriada / - 21 Sultain /September

Taobh an Iar-Dheas Rois / SW Ross - 27 Sultain / September

Barraigh is Bhatarsaigh / Barra & Vatersay - 27 & 28 Sultain / September

(Ma tha sibh airson ceann-là a' Mhòid Ionadail agaibh a sgaoileadh, cuiribh thugainn iad airson na h-athiris)



Na Mòdan Ionadail / The Provincial Mods



Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig/ for further information visit:  
<http://www.acgmod.org/localmods>

# An Comunn Gàidhealach



## Atharrachaidhean air Clàr Farpaisean a' Mhòid *Changes to Mod Syllabus*

Tha An Comunn Gàidhealach a' coimhead ri atharrachaidhean a dhèanamh ann am feadhainn de na farpaisean aig a' Mhòd Nàiseanta Rioghail. Sgaoilidh sinn an tuilleadh fiosrachadh mu dheidhinn seo anns na seachdainean a tha romhainn, air an làrach-lìn agus anns an ath chuairt-litir.

*An Comunn Gàidhealach are in the process of making some changes and amendments to the Royal National Mod syllabus. These will be made available in the coming weeks via our website and a future newsletter.*

## Mòdan ri thighinn / Future Mod Dates

**Mòd Phàislig** 11-19 Dàmhair 2013

**Mòd Inbhir Nis** 10-18 Dàmhair 2014

**Mòd An Oban** 9 - 17 Dàmhair 2015

**Mòd Nan Eilean Siar** 14-22 Dàmhair 2016

## Cèartachadh air Òrain Ainmichte 2013 *Changes to 2013 Prescribed Pieces*

Tha Comataidh a' Mhòid air atharrachaidhean a dhèanamh anns na h-Òrain Ainmichte a leanas. Feumar cumail ri na h-atharrachaidhean seo. Ma tha ceistean sam bith agaibh cuiribh fios thugainn.

*The Mod Music Committee have issued changes to the following competition pieces. The changes should be adhered to for all these pieces. If you have any queries, please contact James Graham: [james@ancomunn.co.uk](mailto:james@ancomunn.co.uk) or 01463 709 705.*

### **A300-An Dubh-Ghleannach**

Bar 45-Words in bass part should be as tenor part.

### **A302-Eilean mo chrìdh'**

Bar 36, word should be 'thall' and not 'ann'

### **A303-Och nan och 's mi fo lèireadh**

First note in the soprano's part should be an E flat, not an F. Bar 39: Soprano and Alto parts should sing 'laill o ho' and not 'faill o ho'.

Bar 50: 'Hù o ro ho io', not '...a o ro ho io'

Bar 52: Word on first note is 'ho', not 'o'

Bar 54: Word on first note is 'ho', not 'hi'

Bar 78- should be 'mhuir na mill' rather than 'muir na mhìll'.

Bar 104: 'laill o ho', not 'faill'

Bar 106-the word in bass part should be, lèireadh' and not 'leiridh'

### **306-Haoidealan dubh**

Bar 44-The word 'Tha' is missing in alto part (on the last quaver).

### **A308-Puirt**

Tha bean agam-bar 124 (bar 20 in booklet), tenor and bass should read; 'thug' instead of 'thig'.

Tha bean agam-bar 112 & 148 (8 & 44 in booklet), the crotchet and quaver on the word 'salach' should be the other way around, in all parts.

Tha bean agam-bar 148-error in Soprano: should be C sharp (t) not C natural (ta)

Tha bean agam- bar 161 (bar 57 in booklet), the soprano part should read; 'lèine gheal' instead of 'Dè nì mi'.

### **C78 Ruidhlidh na coilich dhubha**

Verse 2 should read:

Ma phòsas Annag an-diugh

Pòsaidh gach uile tè

Ma phòsas Annag an-diugh

Sgaradh air an t-seana bhean

### **A306, Och nan och 's mi fo lèireadh**

In bar 31, Alto line, the the vocable 'Hur-a' should be 'Hiu-ra'.

# An Comunn Gàidhealach

## Coinneamh Bhliadhnaile AGM

**TAIGH ÒSTA GLYNHILL / GLYNHILL HOTEL**

**PÀISLIG | PAISLEY**

**22 MÀRT / MARCH**

**7.30 F / PM**

Tha fàilte air buill den Chomuinn a thighinn còmhla rinn  
*All members of An Comunn are welcome*

# An Comunn Gàidhealach



## Na GGs a' Comharradh 30 bliadhna fo Stiùir Choinnich!

Tha Coinneach MacThòmais air a bhith a' stiùireadh còisir Ceòlraíd Ghàidhlig Għlaschu airson 30 bliadhna a-nis. Airson seo a chomharrachadh, tha an Còisir a' cumail dìnnear shònraichte air Disathairne an 9mh den Mhàrt.

Tòisichidh an dìnnear aig 7f /7.30f ann an Taigh-òsta a' Phond, air Rathad Great Western. Tha ticeadan a' cosg £28 agus tha sin a' gabhail a-steach dìnnear agus glainne champagne! Ged a bhios mòran an làthair agus feumaidh sinn sùil a chumail air na h-àireamhan, tha an Còisir a' toirt cuireadh dha riochdairean bho Chòisirean sam bith eile, bho air feadh Alba.

Tha Coinneach air obair mhòr a dhèanamh ann a bhith a' leasachadh agus a' teagasc ceòl, britheamhachd, bùihtean-obrach agus mòran eile, thairis air na bliadhnaicheadh.

Chan eil teagamh ann nach bi mòran ann a bhios airson a thighinn còmhla ris airson seo a chomharrachadh! 'S e oidhche gu math neo-fhoirmeil a bhios ann, far am bi cothrom ann coinneachadh taobh a-muigh suidheachadh Mòid!

Ma tha ùidh agaibh a thighinn, cuiribh fios gu Ceann-suidhe a' Chòisir, Catriona NicRath air [catriona.macrae@aol.com](mailto:catriona.macrae@aol.com) no cuiribh fòn gu: 07711 809 798 / 07887 605 062.

Tha an Còisir cuideachd a' cumail na Cuirm Bhliadhnaile aca air Dihaoine an 8mh den Mhàrt agus ma tha sibh airson deireadh sheachdaine a chur seachad ann an Glaschu, bidh ceòl agus craic againn dhuibh gach oidhche! Thèid a' Chuirm a chumail an Talla Cottiers, Sràid Hyndland, Glaschu, a' tòiseachadh aig 7.30f.

Cuiribh fios thugainn ma tha sibh airson a thighinn gu na tachartasan sònraichte seo!

Tha An Comunn Gàidhealach airson meal-a-naidheachd a chur air Coinneach airson an obair mhòr a tha e air a dhèanamh, chan ann a-mhàin dha na GGs agus dhan Mhòd, ach dha cànan agus cultar na Gàidhlig san fharsaingeachd!



### GGs Celebrate 30 years with Kenny as Conductor!

*Kenneth Thomson has been conducting The Glasgow Gaelic Musical Association choir now for 30 years. To mark this event, the Choir will be hosting a celebratory dinner on Saturday 9th March.*

*The evening will commence at 7pm for 7.30pm at The Pond Hotel on Great Western Road. Tickets cost £28 which will include a champagne reception and meal! Whilst numbers are limited, the Choir would like to extend an invitation to choir members from all over Scotland to attend.*

*Kenneth has done a huge power of work in the development of the library of music as well as on the ground teaching, adjudicating and with workshops over the years.*

*There will no doubt be many people who would like to come along to celebrate with him!*

*The evening will be fairly informal, with an opportunity to catch up, outwith a Mod context!.*

*If anyone would like to attend, please contact Catriona Macrae on [catriona.macrae@aol.com](mailto:catriona.macrae@aol.com) or telephone 07711 809 798 / 07887 605 062.*

*Also, the Choir's Annual Concert takes place on Friday 8th March and if anyone from out of town wanted to make a weekend of it, they have both nights covered with entertainment! The concert will be at Cottier's Theatre, on Hyndland Street, Glasgow starting at 7.30pm.*

*The Choir would love to hear from you if you can join them at either at one or both of those events.*

*Congratulations to Kenny from all at An Comunn Gàidhealach – not only for the work he has done with the GG's and the Mod, but also for his dedication to the Gaelic language and culture!*



# An Comunn Gàidhealach



## CD Ùr airson 10mh Bliadhna Còisir Ceann an Tuirc

Tha Còisir Ceann an Tuirc air a bhith còmhla airson 10 bliadhna.  
Tha iad air clàr ùr a chur air bhog airson na 10 bliadhna a chomharrachadh.

**Tha an clàr Deich Bliadhna - Ten Years of Còisir Ceann an Tuirc**, a' taisbeanadh an t-soirbheis 's an toileachas a tha air a bhith aig a' Chòisir thairis air na bliadhnanachan.

Air a chlàradh beò ann an Earr-a-Ghàidheal, tha ceithir òrain deug air a' chlàr; 10 òrain leis a' chòisir, trì òrain bho fheadhainn a tha air Aigealan Airgid a bhuanachadh aig a' Mhòd agus òran bhon stiùiriche aca, Joy Dunlop, a choisinn Bonn Òr a' Chomuinn aig Mòd 2010.

Ma tha sibh airson an clàr a cheannach no airson tuilleadh fiosrachaidh, curiibh fios gu:

Joy Dunlop aig [info@joydunlop.com](mailto:info@joydunlop.com) no tadhailibh air [www.joydunlop.com](http://www.joydunlop.com)

Mealaibh ur naidheachd!



An Còisir aig clàradh aig Caisteal Inbhir Aora  
The choir at a recording session at Inveraray Castle

## Còisir Ceann an Tuirc 10 Year Anniversary CD

Còisir Ceann an Tuirc, a male voice Gaelic Choir from Argyll, have recently launched a CD to celebrate the choir's 10th anniversary.

Entitled "Deich Bliadhna - Ten Years of Còisir Ceann an Tuirc," the album is a celebration of the success that the choir has enjoyed over the last ten years and testament to all the fun that the choir has had along the way.

Recorded live in various venues throughout Argyll; the album is a 14 track affair featuring 10 choral tracks, 3 solo performances from our Mòd silver pendant winners (Iain MacPherson, Colin Fisher and Neil MacDonald) and a song from the choir's conductor and Mòd Gold Medalist, Joy Dunlop.

The CD is available now. To purchase a copy or for further information, please contact:

Joy Dunlop at [info@joydunlop.com](mailto:info@joydunlop.com) or visit [www.joydunlop.com](http://www.joydunlop.com)

Congratulations!



"Deich Bliadhna - Ten Years of Còisir Ceann an Tuirc" ri cheannachd a-nise / available to buy now.

**Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, curiibh fios thugainn!**

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch!

[marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk) 01851 703 487

# An Comunn Gàidhealach



## Muinntir Ghallaibh & Chataibh aig a' Phan Cheilteach

Tadhailidh riochdairean bho sgìrean Ghallaibh agus Chataibh air Fèis Pan Ceilteach na bliadhna seo, a thèid a chumail ann an Ceatharlach, Èire, eadar an 2mh agus 7mh den Giblean. Tadhailidh mu 6000 neach à Èirinn, a' Chuimrigh, Eilean Mhanainn, an Fhraing, a' Chòrn agus Alba air an Fhèis thairis air an t-seachdain.

Nam measg bidh Còmhlan Pìoba Inbhir Theòrsa, Còisir Ghàidhlig Mealabhaich, Coilich a' Chinn a Tuath, Ceòl Bho Thuath, Cairistiona Stone agus measgachadh de sheinneadairean, dannsairean agus cluicheadairean eile.

Bidh Cairistiona Stone, à Baile a' Chaisteil, a choisinn farpais Bonn Òr an t-Seann Nòis aig Mòd Nàiseanta Rìoghail 2012 an Dùn Omhain, a' riochdachadh Alba ann am farpais Seinn Traidiseanta Eadar-nàiseanta.

Bidh Còisir Ghàidhlig Mealabhaich a' riochdachadh Alba ann am farpais Eadar-nàiseanta nan Còisirean Dùthchail. Bidh iad cuideachd a' seinn aig tachartasan neo-fhoirmeil thairis air an t-seachdain.

'S ann à Gallaibh fhèin a tha Ceòl Bho Thuath. Tha an còmhlan air duaisean a bhuanachadh roimhe seo agus bidh iad a' riochdachadh Alba aig iù eadar-nàiseanta am-bliadhna.

Bidh Coilich a' Chinn a Tuath a' riochdachadh Alba ann am farpais Eadar-Nàiseanta nam Fear.

Tha An Comunn Gàidhealach an dòchas gun tèid gu math dhan a h-uile duine agaibh a bhios a' gabhail pàirt aig farpaisean na bliadna seo!

## Caithness & Sutherland Group Head to Pan Celtic

*Caithness and Sutherland will be represented at the 2013 Pan Celtic Festival, which takes place in Carlow in the Republic of Ireland between the 2<sup>nd</sup> and 7<sup>th</sup> April. The event attracts over 6,000 visitors from Ireland, Wales, the Isle of Man, France and Cornwall as well as Scotland.*

*Among the representatives will be some of the county's leading artistes and performers including Thurso Pipe Band, Melvich Gaelic Choir, Coilich a' Chinn a Tuath, Ceòl Bho Thuath, Christine Stone and a host of other artistes including dancers, musicians and singers.*

*Christine Stone from Castletown, who won the Traditional Gold Medal at the 2012 Royal National Mod in Dunoon, will be representing Scotland in the International Traditional Solo Competition.*

*Melvich Gaelic Choir will be representing Scotland in the International Rural Choirs competition. They will also be involved in open air performances, public performances and international evening events.*

*Ceòl Bho Thuath, whose members all live in Caithness, are an award winning folk group who have competed representing the north and Scotland previously at international level.*

*Coilich a' Chinn a Tuath will be representing Scotland in the International Male Voice Competition.*

*An Comunn Gàidhealach would like to wish you all the very best with this year's competitions!*

42ú Féile Idirnáisiúnta

Pan Cheilteach

2-7 Aibreán 2013 Ceatharlach

42nd International Pan Celtic Festival

2-7 April 2013 Carlow

# An Comunn Gàidhealach



## A' Cuimhneachadh Peigi Darroch

'S ann gu math duilich a bha sinn nuair a chuala sinn naidheachd bàis Peigi Darroch, air an 22mh den Fhaoilieach, aig an taigh aice fhèin ann an Cille Bharaghde an Ear.

Rugadh Peigi anns an Rubha, ann an Eilean Leòdhais ron Dàrna Cogadh Mòr. Għluais i a Għlaschu nuair a bha i na boireannach òg, agus 's ann an sin a choinnich i agus a phòs i an duine aice, Dick Darroch, à Eilean Dhiùra. Bha aon nighean aca, Janette.

Ann an 1965 chaith iad a dh'fhuireach a Chille Bharaghde an Ear, far an deach i an sàs ann an obair bhuidhnean Gàidhlig, An Comunn Gàidhealach agus dràma Gàidhlig anns a' bhaile. Bhuannaich i mòran dhuaisean airson a h-obair dràma. Chuir i air bhog buidheann Pàrant is Pàiste ann am bus 'double decker'. Bha i a' ruith 'Clann Trang', bùidheann cròileagan Gàidhlig. Mar sin bha i gu mòr an sàs ann am foghlam Gàidhlig dha clann fo aois sgoile.

Bha Peigi na rùnaire dha Còisir Òg Chille Bharaghde an Ear airson iomadh bliadhna, ach a dh'aindeoin sin, fhuair i ùine airson a bhith an sàs ann am Mòd Nàiseanta Chille Bharaghde an Ear ann an 1975.

Chuir i seachad mòran bhliadhnanachan na rùnaire air comataidh Mòd Ionadail Chille Bharaghde an Ear. Bha dòigh shònraichte aice airson daoine a bhrosnachadh gus cuideachadh le obair comataidh a' Mhòid Ionadail.

Bhàsaich an duine aice ann an 2006, ach a dh'aindeoin sin, chùm i oirre ag obair gu cruaidh dhan Ghàidhlig.

An-diugh, tha am baile againn gu mòr an sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus bu chòir dhuinn cuimhneachadh agus comharrachadh an obair a rinn Peigi agus a leithid airson adhbhar na Gàidhlig.

Chaidh tiodhlacadh Peigi a chumail ann an Luathreachan Siòrrachd Lanraig a Deas, air an 30mh den Fhaoilieach. Chaidh an t-seirbheis a chumail le co-ogha dhi fhèin, an t-Urramach Dòmhnull Mìcheal MacAonghais.

Tha Comataidh Meur a' Chomuinn an Cille Bharaghde an Ear, far an robh Peigi gu mòr an sàs, airson co-fhaireachdann a chur gu nighean Pheigi, Janette agus a teaghlach, Hannah agus Ridseard.

Tha An Comunn Gàidhealach cuideachd a' cuimhneachadh air teaghlach Peigi aig an àm dhuilich a tha seo - rinn i obair mhòr dhan Chomunn thairis air na bliadhnanachan, agus tha sinn uile taingeil airson sin.



### Remembering Peggy Darroch

*It is with great sadness that we learnt of the recent passing of Peggy Darroch, on the 22nd of January at her home in East Kilbride. Peggy was born in Point in the Isle of Lewis before the Second World War. From here, as a young woman, she left for Glasgow, where she married Dick Darroch from Jura, with whom she had a daughter, Janette.*

*They found their way to East Kilbride in 1965 where she became deeply involved with the town's Highland and Gaelic associations and Gaelic drama, for which she won accolades. Over thirty years ago, at her own initiative, she set up a mother and toddlers' Gaelic group, Croileagan, in a borrowed double decker bus in the town's show park and ran a Gaelic playgroup, Clann Trang, thus championing early learning of Gaelic.*

*Although for very many years Peggy was the indefatigable secretary for the East Kilbride Junior Gaelic Choir, she also found time to contribute to the success of the National Mod held in East Kilbride during 1975. For many of her later years she was the tireless secretary for the group who organise and run the East Kilbride Provincial Mod, where her gift of persuasion recruited many to the tasks involved. She was widowed in 2006 but continued her hard work in the interests of Gaelic.*

*Today our town has a significant commitment to Gaelic medium education and as the movement progresses we should remember and honour Peggy and other early pioneers for their grass roots contribution.*

*Peggy's funeral service was conducted in the South Lanarkshire Crematorium on the 30th of January by her cousin, the Reverend Donald Michael MacInnes.*

*The committee of An Comunn Gàidhealach, Cille Bharaghde an Ear, in which Peggy was so active, extend their commiserations to Peggy's daughter Janette and her children Hannah and Richard.*

*We at An Comunn Gàidhealach would also like to extend our deepest sympathies to Peigi's family. Peigi did a power of work for An Comunn over the years and for that we are very grateful.*

# An Comunn Gàidhealach



## Club 400 Inbhir Nis

Seo an fheadhainn a fhuair duaisean an Gearrain:

£250 - Pam Barnet, Inbhir Nis

£100 - C. A. Hollas, Inbhir Nis

£50 - Mairi Hanna, Hunndaidh

Mealaibh ur naidheachd!

## Inverness 400 Club

*The results of the February draw are:*

*£250 - Pam Barnet, Inverness*

*£100 - C. A. Hollas, Inverness*

*£50 - Mary Hanna, Huntly*

*Congratulations!*

## Brot is Ceapairean Meur Inbhir Nis

16 Màrt 2013

12-2f

Ionad Dunbar, 86 Sràid na h-Eaglaise, Inbhir Nis  
Inbhich £3, Clann £1.50  
Tì agus Cofaidh  
Club 400 a' Mhàirt  
Thèid fàilte chridheil oirbh uile!

A' cruinneachadh airgid airson Mòd Ionadail Inbhir Nis  
2013 agus Mòd Nàiseanta Rìoghail 2014

## Inverness Branch Soup and Sandwich

16 March 2013

12-2pm

Dunbar Centre, 86 Church Street, Inverness  
Adults £3, Children £1.50  
Tea and Coffee  
400 Club March draw  
All Welcome!

All proceeds go towards the running of the Inverness Local Mod  
in June 2013 and The Royal National Mod in 2014

## An Comunn Gàidhealach - Meur Inbhir Nis

### Oidhche Nam Mna!!

Dihaoine 22<sup>mh</sup> Gearran 2013

7 – 9.30f

Talla Choimhearsnachd, Ospadal an Rathraig Mhòir

Inbhir Nis

Fion / Criomagan bidhe / Crannchur

Cosgais £10

Cuiribh fios gu Kathleen air 01463 241340 no Murdina  
air  
01463 791361

A' cruinneachadh airgid airson Mòd Ionadail Inbhir Nis  
2013 agus Mòd Nàiseanta Rìoghail 2014

## An Comunn Gàidhealach - Inverness

### Ladies Night!!

Friday 22<sup>nd</sup> February 2013

7 – 9.30pm

Recreation Hall, Raigmore Hospital

Inverness

Wine / Nibbles / Raffle

Admission £10

Please Contact Kathleen at 01463 241340 or Murdina at 01463  
791361 for details.

All proceeds go towards the running of the Inverness Local Mod  
in June 2013 and the Royal National Mod in 2014.

# An Comunn Gàidhealach



## Meur an Òbain

Cèilidh Teaghach  
Dihaoine 19<sup>th</sup> den Ghiblean  
Ionad an Eaglais  
7.30 f  
Thèid fàilte chridheil oirbh uile!

## Oban Branch

*Family Ceilidh*  
*Friday 19<sup>th</sup> April*  
*Church Centre*  
*7.30 p.m.*  
*All welcome!*

## Meur an Òbain

Coinneamh Bhliadhnaile  
Diardaoin 25<sup>th</sup> den Ghiblean  
Talla an Eaglais Shaor  
7.00 f

## Oban Branch

*Annual General Meeting*  
*Thursday 25<sup>th</sup> April*  
*Free Church Hall*  
*7.00 p.m.*

## Mòd Ionadail an Òbain

Òigridh - Dihaoine 21<sup>th</sup> den t-Ògmhios  
Inbhich - Disathairne 22<sup>th</sup> den t-Ògmhhios

### Tuilleadh fiosrachadh bho:

Ailig MacIIIeathain  
Fòn: 01631 710314  
Post-d: [seccganobain@aol.com](mailto:seccganobain@aol.com)

## Oban Provincial Mod

*Juniors - Friday 21<sup>st</sup> June*  
*Seniors - Saturday 22<sup>nd</sup> June*

### Further information from:

Alex MacLean  
Tel: 01631 710314  
Email: [seccganobain@aol.com](mailto:seccganobain@aol.com)



## Am Mòd Nàiseanta Rìoghail | The Royal National Mod

2013 PÀISLIG 11 – 19 DÀMHAIR | PAISLEY 11 – 19 OCTOBER

For Royal National Mod information and Provincial Mòd dates go online:  
[www.ancomunn.co.uk](http://www.ancomunn.co.uk)

# An Comunn Gàidhealach



# TradFest

Edinburgh · Dùn Èideann

## TRADFEST · Dùn Èideann

### Làn-fhèist de chultar ann am Baile-mòr nam Fèisean

Thèid a' chiad TRADFEST Dhùn Èideann air adhart eadar Diciadain 24 Giblean agus Diluain 6 Cèitean 2013.

Thairis air dà latha dheug bidh am baile-mòr air ghoil le ceòl, òrain, sgeulachdan, dannsa, obair-ciùird, dràma dùthchail, agus cuimhneachain àrainneachd airson Latha Buidhe Bealtainn.

Tha na fèisean a chaith roimhe air brosnachadh a thoirt dha TradFest, nam measg Fèis Mhuinntir Dhùn Èideann agus Fèis Dhùthchail Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann. Tha e cuideachd air adhartachadh Cultar Cèilidh a bh' ann roimhe a ghabhail a-steach. Ach tha TradFest a' comharrachadh ùrachadh làidir ann an cultar na h-Alba le bhith an sàs ann an compàirteachasan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta.

Tha TradFest a' toirt ealain thraigheanta na h-Alba a-steach do chridhe prìomh bhaile na h-Alba. Tha rudeigin an seo dha luchd-còmhnaidh, luchd-tadhail, aois is òg, luchd-ealain is luchd-èisteachd, proifeasantaich is luchd-gníomha coimhlearsnachd – agus iad uile còmhla.

Chithear gu h-iosal fiosrachadh mu aon de na tachartasan a bhios a' dol air adhart aig an Fhèis. Gheibhean liosta de na tachartasan gu lèir aig:

<http://www.scottishstorytellingcentre.co.uk/>

## Gàidhlig Greyfriars

Comharraich cultar Gàidhlig Dhùn Èideann ann an òran, ceòl, dannsa is sgeulachd. Tha buidheann tùsail Dannsa a' tighinn còmhla ri luchd-sgrìobhaidh òrain Cruinn agus Còisir Ghàidhlig Lodainn gus oidhche mhòr ciùl a thoirt dhuinn air làrach ghrinn Eaglais nam Manach Liath, far am bheil na bàird Gàidhlig air an cuimhneachadh.

Am measg an luchd-ealain tha... **Caroline Reagh, Fin Moore, Sandra NicDhonnchaidh, Seumas Greumach, Fiona NicCòinnich, Brian Ó hEadhra, and Rachel Walker.**

## TRADFEST · Edinburgh

### *Cultural festival in the City of Festivals*

The first TRADFEST Edinburgh will be held between Wednesday 24 April and Monday 6 May 2013.

Over twelve days the city will be a hive of music, song, storytelling, dance, crafts, folk drama, and environmental celebrations for Mayday/Beltane.

TradFest is inspired by previous festivals including the Edinburgh People's Festival and the Edinburgh International Folk Festival. It has also taken under its wing the former Ceilidh Culture promotion. But TradFest marks a new phase of vigorous renewal of Scotland's culture in its local, national and international relationships.

TradFest brings Scotland's arts of tradition into the heart of the capital city. There is something here for residents and visitors, old and young, artists and audiences, professionals and community activists – and all of them together.

Below you will see details of one of the many events that will take place at the festival.

For a full list of events for [TradFest Click Here](#)

<http://www.scottishstorytellingcentre.co.uk/>

## Greyfriars Gaelic

**Date and Time** Sun 28 Apr, 7-9.30pm / Di-dòmhnaich 28 Gibl, 7-9.30f

**Venue** Greyfriars Kirk / Eaglais nam Manach Liath

**Price** £10 (£7)

Celebrate Edinburgh's Gaelic culture in song, music, dance and story. Pioneering **Dannsa** joins forces with the songmakers of **Cruinn** and the **Lothian Gaelic Choir** to provide a spectacular evening in the unique open spaces of Greyfriars, where the Gaelic poets are commemorated.

Contributing artists include... **Caroline Reagh, Fin Moore, Sandra Robertson, James Graham, Fiona Mackenzie, Brian Ó hEadhra, and Rachel Walker.**

# An Comunn Gàidhealach



## Duaisean nam Meadhanan 2013

Meal an naidheachd air sgioba a' Phàipeir Bhig airson nan duaisean a bhuanach iad aig Duaisean Meadhanan na Gaidhealtachd agus nan Eilean air a' mhìos a chaidh seachad.

Meal an naidheachd gu sòrnraighe air Murray MacLeod, fear naidheachd air a bheil sibh uile eòlach bhon sgrìobhadh aige sa Phàipear Bheag gach seachdain, air Rèidio nan Gàidheal, BBC Alba, prògraman mar 'Air an Rathad', 'An Lá' agus mar sin air adhart. Fhuair Murray Duais Fear Naidheachd na Bliadhna, agus 's e tha airidh air!

Chithear san dealbh an sgioba gu lèir bhon Phàipear Bheag a fhuair na duaisean - meal a naidheachd oirbh uile.

## Comataidh air a thaghadh airson Mòd 2016.

Chaidh coinneamh a chumail air Dimàirt an 12mh den Ghearran an Steòrnabhagh airson Comataidh Ionadail a stèidheachadh airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2016, a thèid a chumail a-rithist anns na h-Eileanan an Iar.

Chaidh an comataidh a leanas a thaghadh:  
Neach-gairm – Tormod Dòmhnullach; Iar Neach-gairm – Ailig Dòmhnullach agus Amy NicAmhlaigh, Ionmhasair – Dòmhnull Dòmhnullach; Rùnaire - Doileag NicLeod.

Thèid a' chiad choinneamh oifigeil a chumail sa Ghiblean, far an tèid an còrr den chomataidh agus na fo-chomataidhean a thaghadh. Ma tha ùidh agaibh ann no ma tha tuilleadh fiosrachaidh a dhith oirbh nach cuir sibh fòn gu 01851 703 487 no tadhaileibh air an duilleig Facebook againn:

<http://www.facebook.com/#!/pages/Mod-nan-Eilean->



Photo courtesy of Stornoway Gazette

## Highlands & Islands Media Awards 2013

Congratulations to Murray Macleod of the West Highland Free Press on winning Journalist of the Year at the Highlands and Islands Press Awards. Congratulations also to Keith MacKenzie - Sports Writer of the Year and Willie Urquhart - Photographer of the Year.

The West Highland Free Press was also named as "highly-commended" in the Newspaper of the Year category.

Pictured below are the West Highland Free Press winners - sincere congratulations to you all.



Pictured (l-r)  
Keith MacKenzie, Ian McCormack (Editor), Willie Urquhart and, Journalist of the Year, Murray Macleod.

## Committee Elected for Mòd 2016.

A public meeting took place in Stornoway on the 12<sup>th</sup> February to elect a Local Organising Committee for Mòd nan Eilean Siar 2016.

The following office bearers were elected:  
Convener – Norman Macdonald; Vice Conveners – Alex A Macdonald and Amy Macaulay; Treasurer – Donald Macdonald; Secretary – Dolina Macleod

The first meeting of the new committee will take place in April. Anyone interested in getting involved with the Mod 2016 committee are invited to come along!

For further information, contact 01851 703 487 or visit our Facebook page:

<http://www.facebook.com/pages/Mod-nan-Eilean-Siar/525963894114446>



# An Comunn Gàidhealach



## Tha am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' tighinn a Phàislig.

**11mh – 19mh den Damhair 2013**

Chan eil ach beagan mhìosan gun tèid Am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail ann am Pàislig.

Tha sinn air leth moiteil gu bheil an Fhèis shònraichte seo a' tighinn chun a' bhaile againn agus tha sinn a' coimhead air adhart ri fàilte bhlàth, chridheil a chur oirbh uile san Dàmhair!

**Ealasaid Dhòmhnullach (Neach-gairm, Mòd Phàislig 2013)**

*There are only a few months now until the Royal National Mod takes place in Paisley.*

*We are very proud that this festival is coming to our town and we look forward to giving you all a very warm welcome when we see you in October!*

**Elizabeth Macdonald (Convener, Mòd Phàislig 2013)**



### ***Na RJs - Còisir Òg Rinn Friù***

*Seo Còisir Òg Rinn Friù dha clann fo aois 13 – na RJs! Tha 25 ball anns a' chòisir a-nis – Mealaibh ur naidheachd! Tha sinn an dòchas gun tèid gu math leibh ag ullachadh airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna-sa!*

*Renfrewshire's Gaelic Choir for children under the age of 13 – the RJs! There are now 25 members in the choir – congratulations! Best wishes for preparations for this year's Royal National Mod!*

## Club 100 Mòd Phàislig 2013

Meal a naidheachd air W Kelly, E Dòmhnullach agus P MacLeod a fhuair duisean an Fhaoillich airson Club 100 Mòd Phàislig 2013.

Ma tha sibh airson páirt a ghabhail sa chlub againn, curiibh fios thugainn.

*Congratulations to W Kelly, E MacDonald and P MacLeod who are the winners in the January 100 Club draw.*

*If you'd like to join the club just message us and we'll get a form to you!*

**[www.modphaislig.org](http://www.modphaislig.org)**

### ***Cuiribh Fios Thugainn / Contact Us***

*Airson fiosrachadh a thaobh thachartasan, àiteachan-fuirich, no ma tha sibh airson cuideachadh, curiibh fios thugainn!*

*For information on events, accommodation or if you would like to get involved with our committee, get in touch!*

**twitter - @ModPhaislig2013**

**facebook - modphaislig2013**

**email - modphaislig2013@yahoo.co.uk**

**call - 07535 514 385**


# An Comunn Gàidhealach







## Bùth a' Chomuinn

Cuimhnichibh gu bheil CDan, leabhraichean Gàidhlig agus mòran eile rin ceannach tron làraich-lìn.

Bruthaibh air a' cheangal a leanas airson a dhol chun na bùtha againn: <http://www.acgmod.org/store/>



**Measgachadh de Leabhraichean Gàidhlig**






## An Comunn's Online Store

Remember you can purchase Gaelic Books, CDs etc from our online store.

To view our online store, click on the following link:  
<http://www.acgmod.org/store/>

**CDs  
£12!**



**Babòg  
£30!**

# An Comunn Gàidhealach



## A' Strì airson Sgoil Eòlais na h-Alba

Tha oileanaich ann an Dùn Èideann mì-thoilichte leis gu bheil an t-Oilthigh a' beachdachadh air Sgòil Eòlais na h-Alba a rachadh às a chèile, agus an stòras mhòr, ainmeil a th' aca de thasglainn a sgaradh bhuapa.

Mar sin, dh' fhaodadh gun caill Sgoil Eòlais na h-Alba 90% de na leabhrachean aca agus tha an suidheachadh leis na tasglannan fhathast mì-chinnteach.

Tha na h-oileanaich a-nis a' strì leis an Oilthigh gus cùisean aig Sgòil Eòlais na h-Alba fhàgail mar a tha iad agus gum bi na tasglannan gu lèir air an cleachdad le luchd-eòlais agus duine sam bith eile a gheibh feum asda.

Ma tha sibh airson ur taic a thoirt, cuiribh ur n-ainmean ris an athchuinge seo:

<https://www.change.org/en-GB/petitions/university-of-edinburgh-preserve-the-school-of-scottish-studies-g1%C3%A8idh-sgoil-e%C3%B2lais-na-h-alba>

## Campaign for School of Scottish Studies

*Students at Edinburgh are greatly concerned by University plans to disintegrate the School of Scottish Studies, by separating ongoing teaching from its resources - the world famous archive collection and its associated libraries.*

*As a result of these plans, the School of Scottish Studies is likely to lose 90% of its books and the future of the fragile archival material remains uncertain.*

*A student campaign is under way to persuade the University that the School of Scottish Studies and its resources must remain intact and accessible to researchers and the wider public.*

*Please follow this link and sign our petition to support this cause:*

<https://www.change.org/en-GB/petitions/university-of-edinburgh-preserve-the-school-of-scottish-studies-g1%C3%A8idh-sgoil-e%C3%B2lais-na-h-alba>

## Ceòl 's Craic music and banter

Air a chur air bhonn ann an 2004, 's e prògram de na nithean as feàrr ann an cultar co-aimsireil Gàidhlig a th' ann an Ceol 's Craic a bhios a' dol fad na bliadhna.

Tha na tachartasan againn a' cuimseachadh air luchd-èisteachd gun Ghàidhlig cho math ri luchd-labhairt na Gàidhlig, agus tha iad air an dealbh gus deasbad a bhrosnachadh mu dheidhinn cultar co-aimsireil Gàidhlig agus cò dha a tha e.

*Ceol 's Craic is a year round programme which showcases and celebrates the best in contemporary Gaelic music and culture. Our inclusive programme, which is aimed at fluent and non-Gaelic speakers alike, inspires debate on what contemporary Gaelic culture is, and who it is for.*


## Ceòl 's Craic...

350 Sràid Sauchiehall,  
Glaschu G2 3JD  
Fòn: 0141 352 4900  
Post-d: [info@ceolscraig.org](mailto:info@ceolscraig.org)  
[www.ceolscraig.org](http://www.ceolscraig.org)

## Fiolm 's Craic 23 Gearran / February 2013, CCA

Is e ocaideachadh is ùr-ghnàthachadh na cuspairean a tha aig Fiolm 's Craic am-bliadhna, le luchd-ealain a' taisbeanadh obair ùr-nodha a tha air a bhrosnachadh le sgeulachdan is òrain Ghàidhlig thraigseanta

*Improvisation and innovation are the themes of Film 's Craic, this year, with artists presenting groundbreaking work inspired by traditional Gaelic stories and songs.*



# An Comunn Gàidhealach



## An Comunn Gàidhealach

### Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme Ceàrnag  
Phearsabhal Steòrnabhagh  
Eilean Leòdhais  
HS1 2DD  
Fòn: 01851 703 487  
Post-d: [peigi@ancomunn.co.uk](mailto:peigi@ancomunn.co.uk)

### Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhaile an Athain  
40 Sràid Hunndaidh  
Inbhir Nis  
IV3 5HR  
Fòn: 01463 709 705.  
Post-d: [rena@ancomunn.co.uk](mailto:rena@ancomunn.co.uk)

## An Comunn Gàidhealach

### Stornoway Office

Leverhulme House  
Perceval Square  
Stornoway  
Isle of Lewis  
HS1 2DD  
Telephone: 01851 703 487  
Email: [peigi@ancomunn.co.uk](mailto:peigi@ancomunn.co.uk)

### Inverness Office

Balnain House  
40 Huntly Street  
Inverness  
IV3 5HR  
Telephone: 01463 709 705.  
Email: [rena@ancomunn.co.uk](mailto:rena@ancomunn.co.uk)

## Dè tha dol agaibh?

A bheil tachartasan no naidheachdan sam bith aig  
a' Chomataidh, Còisir no aig a' bhuidheann  
agaibh,  
a bhiodh sibh airson a chur dhan chuairt-litir seo?

Ma tha, curiagh am fiosrachadh gu:  
[marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk)  
no curiagh fòn air 01851 703 487.

## What's on?

*Does your Committee, Choir or Group have any coming events or any news you may wish us to publish in this newsletter?*

*If so, please forward any information to:  
[marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk)  
or telephone 01851 703 487.*

**www.ancomunn.co.uk**

**Taing mhòr dhan a h-uile duine a chuir fiosrachadh thugainn airson na cuairt-litreach seo.**

*Many thanks to all those who have contributed to this newsletter.*